


Ceistean

**Thoir sùil air paragraf 1.****1. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' cruthachadh faireachadh bagarrach tro ìomhaigheachd agus taghadh fhaclan?**

Tha faireachadh bagarrach, eagalach air a chruthachadh tro chleachdadh fhaclan leithid “corragan iarainn”. Tha na faclan seo a' cruthachadh ìomhaigh gu bheil an neach seo làidir agus cruaidh mar iarann. Tha an sgrìobhadair a' togail air an ìomhaigh seo de mheatailt nuair a tha e ag ràdh gun robh “cogais mheirgeach” aig an duine seo. Tha seo a' cruthachadh ìomhaigh de chogais nach buin ri mac-an-duine idir, ach gu bheil a' chogais meirgeach mar mheatailt. Tha an abairt “craiceann fallasach” a' cur ris an fhaireachadh bhagarrach a tha a' ruith tron chiad pharagraf. Tha seo a' dèanamh follaiseach gu bheil an t-eagal oirre agus gu bheil seo a' toirt buaidh air a corp.

Thoir sùil air paragraf 3.**2. Ainmich dà abairt a tha a' toirt fa-near dhan leughadair gu bheil Màiri air a bhith san t-suidheachadh seo roimhe?**

“aon uair eile”

“bha coltas àraid air an turas seo”

“Chan fhac i a-riamh san staid seo e”

Thoir sùil air paragraf 4.**3. (a) Dè am meatafor a tha a' nochdadh sa pharagraf seo?**

“thuit i chun an làir mar dhoile”

(b) Ciamar a tha am similidh seo èifeachdach?

Tha e a' cruthchadh dealbh ann an inntinn an leughadair gu bheil Màiri mar dhoile, 's dòcha beagan lag. Tha seo a' ciallachadh gu bheil i mar bhoireannach nach eil beò, boireannach aig nach eil smachd air a corp fhèin. Tha e cuideachd a' toirt oirnn a chreidsinn gu bheil duine eile a' dèiligeadh rithe mar nach robh innte ach dèideag. Dh'fhaodadh cuideachd gu bheil an sgrìobhadair a' feuchainn ri ìomhaigh de neoichiontas a chruthachadh far a bheilear a' faicinn Màiri mar phàiste aig nach eil cothrom air na tha a' tachairt dhi.

4. (a) Dè tha thu a' mothachadh a tha sònraichte mu pharagraf 4?

Tha paragraf 4 uabhasach goirid; chan eil ann ach dà sheantans ghoirid.

(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

Tha e èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' tarraing aire an leughadair chun a' pharagraf seo. Tha e a' cur ris na tha a' tachairt san sgeulachd – tha an duine air Màiri a leigeil às agus tha i a' tuiteam gu làr agus a' faighinn a h-anail air ais. Tha an còrr den sgeulachd air a bhith làn trod agus sabaid, ach tha am pìos seo sìtheil, agus mar sin, tha e freagarrach gu bheil e a' seasamh a-mach mar pharagraf leis fhèin.

Thoir sùil air paragraf 7.

“Chuir e an sgian gu luath agus gu domhainn na stamaig”

6. Mìnich, nad fhaclan fhèin, carson nach eil dùil aig an leughadair ris an seo.

Tha an duine dìreach air a ràdh ri Màiri gu bheil e a' dol a thoirt dhi “aon chothrom eile”. Thathar a' tuigsinn gu bheil e a' dol a thoirt dhi cothrom eile an t-airgead fhaighinn thuige. Mar sin, chan eil dùil againn gun sàth e sgian innte i – gu dearbh chan eil sin cinnteach aig an àm dè thachair.

7. (a) Dè am similidh a tha a' nochdadh sa pharagraf seo?

“fuil sgàrlaid a' deàlradh mar sheudan prìseil fo sholas na gealaich”

(b) Ciamar a tha an samhla seo èifeachdach

Tha e èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' dèanamh coimeas eadar a fuil agus rudan prìseil. Tha seo a' toirt oirnn smaointinn gur e rud prìseil a tha i a' call nuair a tha i na sìneadh a' call na fala. Tha e làn ìoranaid gu bheil an sgrìobhadair a' dèanamh coimeas eadar a fuil agus rudan àlainn leithid seudan prìseil a' deàlradh fo sholas na gealaich. Tha e inntinneach gu bheil an sgrìobhadair a' faicinn gur e solas na gealaich a tha a' toirt air a fuil a bhith "a' deàlradh" – saoilidh sinn gur e rudan romansach agus snog a chì thu fo sholas na gealaich, ach tha seo a' sealltainn taobh eile de rudan oillteil a bhios a' tachairt tron oidhche. Tha e cudromach cuideachd gu bheil an aon ìomhaigh a' nochdadh nas tràithe san sgeulachd nuair a tha an sgrìobhadair ag innse dhuinn gu bheil "lainnir na sgeine a' deàlradh mar dhaoimean fo sholas na gealaich" Tha seo a' dèanamh ceangal eadar an lainnir a tha sinn a' faicinn aig an toiseach agus an fhuil a' dòrtadh air sàillibh gun deach a sàthadh leis an dearbh lainnir seo. Cuideachd, tha e iongantach gu bheil an sgrìobhadair a' dèanamh coimeas eadar rudeigin cunnartach, leithid lainnir sgeine agus fuil a' dòrtadh, agus rudan prìseil leithid daoimean agus rùbaidh.

Thoir sùil air paragraf 9.**8. (a) Dè tha thu a' mothachadh mu na seantansan ann am paragraf 9?**

Tha na seantansan uabhasach goirid.

(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

Tha seo èifeachdach a chionn 's gu bheil structar nan seantans a' samhlachadh mar a tha a' tachairt san sgeulachd. Tha na seantansan goirid a' toirt dhuinn dealbh dhith a' gabhail nan drogaichean gun smaoinichadh – bha i gan togail agus gan gabhail ann an dòigh 'robotic'. Tha an sgrìobhadair dìreach a' toirt dhuinn an fhiosrachaidh ann an dòigh a tha dubh agus geal: "Sheachain mi iad. Mu dheireadh. Ghabh mi dhà. Cho furasta sin. Mar a shluigeadh neach aspirin". Chan eil sinn a' faighinn fiosrachadh a bharrachd sna seantansan goirid seo.

Thoir sùil air paragraf 9.**9. (a) Dè an samhla a tha a' nochdadh sa pharagraf seo?**

"Bha a h-uile rud mun cuairt oirre na smàl dhathan agus fhuaimnean"

(b) Ciamar a tha an samhla seo èifeachdach?

Tha e èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' toirt dhuinn dealbh dhen ambaileans anns an robh i le dùdach dathach, faramach. Tha e cuideachd a' toirt tuigse dhuinn air a' bhuaireadh a bha na h-inntinn leis gun robh i air a goirteachadh cho dona agus a' call na fala. Tha am facal "smàl" a' toirt air an leughadair smaointinn air teine agus air suidheachadh èiginneach, cunnartach. Tha seo a' dèanamh coimeas nar n-inntinn eadar an suidheachadh cunnartach anns a bheil ise, agus teine.

Thoir sùil air paragraf 10.**10. Thoir seachad abairt a tha a' toirt fa-near dhuinn nach robh càirdeas dlùth eadar i fhèin agus a màthair.**

"Chan fhaca i sin (aodann a màthar) o chionn còrr is bliadhna"

"Dhìochuimhnich i a h-uile droch rud a thuirt iad ri chèile"

11. Ann am paragraf 10, tha Màiri a' tighinn gu tuigse gum bu chòir dhi feuchainn ris an càirdeas eadar i fhèin 's a màthair a chàradh. Na do bheachd-sa, dè thug air Màiri seo a thuigsinn?

Tha Màiri a' tuigsinn seo aig an àm seo a chionn 's gu bheil i ga faighinn fhèin ann an suidheachadh èiginneach far am faodadh i a beatha a chall. Bhiodh an t-eagal oirre an cùl na h-ambaileans agus bha i ag iarraidh luchd a gràidh timcheall oirre. Ged nach robh Màiri a-nis faisg air a màthair, tha cuimhne aice air àm nuair a bha iad faisg, agus tha miann aig Màiri tilleadh chun an àm sin – tilleadh gu na "làithean neo-chiontach". Tha Màiri a' tuigsinn gur e a giùlan fhèin as coireach ris an t-suidheachadh anns a bheil i an-dràsta agus an suidheachadh eadar i fhèin agus a màthair. Agus, le sin, tha Màiri a' sìneadh a-mach a làimh – tha a làmh a' sàmhlachadh càirdeas.

Thoir sùil air paragraf 11.**12. "mapa de gach àite san robh i a' stobadh snàthad"****Dè cho èifeachdach 's a tha an samhla seo?**

Tha an samhla seo èifeachdach a chionn 's gu bheil an sgrìobhadair a' dèanamh coimeas eadar na làraich a dh'fhàg na snàthadan air a gairdean agus mapa. Tha seo

èifeachdach a chionn 's gu bheil am facal “mapa” a’ toirt oirnn smaointinn air rudeigin cuideachail, feumail a tha a’ toirt fiosrachadh dhuinn agus a tha gar cuideachadh gus a dhol air an t-slighe cheart. Tha am “mapa” seo ag innse sgeulachd beatha Màiri. Tha e mar shamhla gun robh i air an t-slighe chèarr na beatha leis gun robh i a’ gabhail dhrogaichean. Tha am “mapa” de na làraich a dh’fhàg na snàthadan mar fhianais air an t-slighe chèarr air an robh i.

Thoir sùil air paragraf 12.

13. (a) Dè am samhla a tha a’ nochdadh ann am paragraf 12?

“gràdh agus dòchas ga còmhach mar phlaide”

(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an samhla seo?

Tha e èifeachdach leis gu bheil e a’ toirt fa-near dhuinn mar a tha Màiri a’ faireachainn. Tha e làn ìoranais gu bheil i a’ faireachdainn gràdh agus dòchas nuair a tha i na laighe ann an cùl ambaileans an dèidh do chuideigin air an robh i eòlach a sàthadh gu dona. A dh’aindeoin 's gu bheil i ann an cunnart a beatha, tha i a’ faireachdainn dòchas seach gu bheil i air a chur roimhe na h-inntinn feuchainn ris an càirdeas eadar i fhèin agus a màthair a thogail a-rithist. Tha na cuimhneachain a th’ aice bho h-òige a’ toirt oirre faireachdainn sàbhailte. Tha fios aig Màiri gu bheil a beatha gu bhith nas fhèarr bhon àm seo a-mach.

Thoir sùil air an sgeulachd gu h-iomlan.

14. A bheil thu a’ meas tiotal na sgeulachd freagarrach, èifeachdach? Mìnch do fhreagairt le bhith a’ ceangal gu dlùth ris an teacsa.

Tha an tiotal air leth freagarrach agus èifeachdach. Tha na faclan “aon chothrom eile” air an ath-aithris anns an sgeulachd. Tha seo freagarrach seach gu bheil an sgeulachd mu nighean a fhuair aon chothrom eile air a beatha. Tha an sgeulachd a’ fosgladh le suidheachadh far a bheil duine a’ bagairt air Màiri ag iarraidh airgead bhuaipe. Tha an duine seo ag aontachadh ‘aon chothrom eile’ a thoirt do Mhàiri, agus le seo, tha sinn a’ tuigsinn gu bheil e a’ dol a thoirt dhi barrachd ùine airson an t-airgead fhaighinn thuige. Ach cho luath 's a tha e air na briathran seo a ràdh, tha e ga sàthadh. Tha an leughadair a’ smaointinn gu bheil seo neònach seach gun do gheall e cothrom eile a thoirt dhi.

Tha an ath earrann den sgeulachd a’ dèiligeadh ris na faireachdainnean a th’ aig Màiri agus i ann an cùl na h-ambaileans. Tha Màiri a’ tighinn gu tuigse air choreigin gu bheil

a dòigh-beatha air a bhith cèarr, gu bheil i air a bhith a' gabhail dhrogaichean, gu bheil i ann am fiachan, gu bheil i ann an cunnart a beatha a chall agus gu bheil i air cridhe a màthar a bhriseadh cho dona leis an dol a-mach aice agus nach eil i fiu's ga faicinn tuilleadh. San ambaileans, tha i a' tuigsinn gu bheil dha-rìribh "aon chothrom eile" aice – aon chothrom eile air a beatha a chur ceart agus aon chothrom eile air an càirdeas eadar i agus a màthair a chur ceart.

Tha an sgeulachd a' dùnadh leis na faclan "abair dòigh air aon chothrom eile a thoirt dhomh". Tha seo a' toirt fa-near dhuinn an t-ìoranas a th' ann gun tug an duine seo aon chothrom eile dhi le bhith ga sàthadh. Mura b' e gun do rinn e an t-eucoir uabhasach sin, 's dòcha nach biodh Màiri air tuigsinn cho fìor chunnartach 's bha an dòigh-beatha aice. Mura b' e gun do shàth e i, 's dòcha nach biodh i air cothrom eile fhaighinn a beatha a chur air slighe na b' fheàrr.